

Craigard Voiceover Script – Gaelic with English translation

This is a short documentary about the Craigard Day Centre in Lochmaddy, North Uist. It's a centre for people with disabilities, run by the Social Services Department of Comhairle nan Eilean Siar, the Western Isles Council.

Seo an t-Ionad Creag Àrd ann an Loch nam Madadh, Uibhist a Tuath. Tha e air a ruith le Roinn nan Seirbheisean Sòisealta aig Comhairle nan Eilean Siar.

This is the Craigard Day Centre in Lochmaddy, North Uist. It is run by the Social Services Department of Comhairle nan Eilean Siar, the Western Isles Council.

A bharrachd air bùth-obrach, tha cidsin ann agus rùm-suidhe, far am faigh thu cùpa tì agus còmhradh.

As well as a workshop, there is a kitchen and a sitting room where you can have a cup of tea and a chat.

Bidh grunn dhaoinne a' tighinn an seo airson diofar rudan a dhèanamh.

A number of people come here to take part in different activities.

Bidh Dòmhnall MacFhionghuin a' tighinn ann dà latha san t-seachdain.

Donald Mackinnon attends two days every week.

Bidh Jamie MacCumhais a' dèanamh an aon rud.

Jamie MacCush does the same.

Am measg rudan eile, 's urrainn dhaibh àirneis a dhèanamh, fuirm mar eisimpleir.

Among other things, they can make furniture, for example stools.

Bidh iad gan reic anns a' choimhearsnachd.

They sell these locally.

Bidh an luchd-obrach san Ionad a' toirt taic dhaibh ann an iomadach dòigh – mar eisimpleir ann a bhith a' cruthachadh phìosan ealain. 'S e Marnie Keltie a tha a' stiùireadh ghnòthaichean bho latha gu latha.

Staff in the centre encourage them in all sorts of ways – for example to create their own works of art. Marnie Keltie is the day care supervisor.

'S dòcha gu bheil an obair a' coimhead sìmplidh. Ach uaireanan, bho thoiseach a' ghnòthaich gus an cuir thu crìoch air, feumaidh tu ceumanan gu leòr a ghabhail.

The work may look simple. But sometimes, from the beginning to the end, you have to take a number of different steps.

Agus nuair a tha e deiseil, faodaidh tu bhith gu math moiteil às an obair a rinn thu.

And when it is complete, you can be proud of the work you've done.

Aon latha gach seachdain bidh a h-uile duine a' dol a Thaigh Chearsabhagh, an taigh-tasgaidh agus ionad ealain anns a' bhaile, airson biadh a ghabhail agus coimhead air na taisbeanaidhean.

One day every week everyone goes to Taigh Chearsabhagh, the local museum and art centre, for lunch and to look round any exhibitions.

An-dràsta tha cuid dhe na dealbhan a rinn Dòmhnall agus Jamie fhèin rim faicinn sa chafaidh. Agus chaidh cuid dhiubh a reic mu thràth.

At the moment, some of Donald's and Jamie's own pictures are on display in the café. And some have been sold already.

'S e cothrom snog a th' ann cuideachd airson faighinn a-mach, faicinn gu dè tha a' dol anns a' bhaile, agus biadh a ghabhail.

It's also a nice opportunity to get out, see what's going on locally, and have lunch.

Ann an aon ghalaraidh tha bonaidean is geansaidhean is aodach eile air an taisbeanadh, a tha air an dèanamh a-mach à clòimh.

In one gallery, woollen hats and jumpers and other clothes are on display.

Anns an taigh-tasgaidh tha Flòraidh NicDhòmhnail a' sealltainn nan seann chleachdaidhean tradaiseanta airson snìomh agus breabadaireachd.

In the museum Flora Macdonald is demonstrating traditional spinning and weaving techniques.

Tha Dòmhnall a' faighinn cothrom an rud fheuchainn leis fhèin.

Donald gets a chance to try for himself.

A bharrachd air ealan, tha Dòmhnall deidheil air ceòl. Gu tric, bidh an latha a' tighinn gu crìoch le Dòmhnall a' cluich port no dhà air a' bhocsa, nuair a thilleas iad gu Creag Àrd.

Donald is keen on music, as well as art. The day often finishes with him playing a tune or two on the accordion when they get back to Craigard.